



# Stiùireadh air foghlam ionmhasail do dh'Àrd-sgoiltean ann an Alba

An t-Samhain 2020



**Money &  
Pensions  
Service**

# Mu Sheirbheis an Airgid agus nam Peinnseanan

**Tha Seirbheis an Airgid is nam Peinnseanan (*Money and Pension Service - MaPS*) ag obair gus dèanamh cinnteach gum faigh a h-uile duine ann an Alba agus air feadh na RA cothrom furasta air an fiosrachadh a tha a dhìth orra gus na co-dhùnaidhean ionmhais ceart a dhèanamh dhaibh fhèin fad am beatha.**

Bidh MaPS a' stiùireadh lìbhrigeadh Ro-innleachd na RA airson Sunnd ionmhais, ag obair a dh'ionnsaigh lèirsinn gum bi gach neach a' dèanamh an fheum as fheàrr den airgead aca. Tha an ro-innleachd a' gabhail a-steach amas dèanamh cinnteach, ro 2030, gum bi dà mhillean a bharrachd de chloinn is dhaoine òga san RA, a' gabhail a-steach 150,000 ann an Alba, a' faighinn foghlam ionmhasail brioghmhor. Bidh MaPS cuideachd a' maoineachadh phrògraman ann an Alba gus solar foghlam ionmhasail a leasachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' thoirt luchd-maoineachaidh agus solaraichean còmhla tro Fhòram foghlam ionmhasail na h-Alba.

Faigh am fiosrachadh as ùire mu MaPS gus piseach a thoirt air foghlam ionmhasail aig [www.maps.org.uk/schools](http://www.maps.org.uk/schools).

## Taing

Bu mhath le Seirbheis Airgid is Pheinnseanan taing a thoirt do *We are Futures* airson an cuid obrach ann a bhith a' cruthachadh an stiùiridh seo, agus do Riaghaltas na h-Alba agus Foghlam Alba airson an taic leantainneach ri seo agus obair nas fharsainge aig MaPS gus solar foghlam ionmhasail a leasachadh.

A bharrachd air sin, tha sinn taingeil do na daoine fa leth agus do na buidhnean, a tha air beachdan agus comhairle fior luachmhor a thoirt dhuinn ann a bhith a' sgriobhadh an stiùiridh seo, a' gabhail a-steach: 682 tidsearan ann an sgoiltean agus colaistean air feadh na RA a fhreagair suirbhidh *We are Futures*; a' chlann bho Sgoil Naomh Anndrais ann an Comar nan Allt agus Acadamaidh Thaigh na h-Uiseig, a ghabh páirt ann am buidhnean fòcais; agus buill de dh'Fhòram Foghlam ionmhasail na h-Alba.

# Ro-ràdh

**Tha feum aig ar cloinn is daoine òga air banca farsaing agus làn spionnaidh de sgilean, eòlas agus beachdan gus soirbheachadh san t-saoghal mun cuairt orra, gus an comas a choileanadh agus gus faighinn thairis air dùblain is cothroman a tha a' sìor fhàs iomhillte. Tha foghlam ionmhasail na eileamaid ro-chudromach de seo.**

Tha Curraicealam airson Sàr-mhathais againn na dheagh chothrom gus fòcas a chur air, agus gus freagairt air feumalachdan na h-òigridh uile. Mar sin tha e na dheagh àrd-ùrlar airson foghlam ionmhasail a theagasc agus ionnsachadh agus gus luach sunnd ionmhais a bhrosnachadh do dhaoine fa-leth, do theaghlaichean agus do choimhairsnachdan. A bharrachd air a bhith na phrìomh eileamaid de phrìomhachasan curraicealaim thar àireamhachd agus matamataig, eòlas sòisealta agus slàinte is sunnd, tha àite deatamach aig foghlam ionmhasail ann an dòigh-obrach Leasachadh an Sgioba-obrach Òig. Tha e cuideachd a' co-thaobhadh ris an dealas a th' againn gus a' bheàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh agus a bhith a' toirt seachad deagh chothrom airson ionnsachadh eadar-chuspaireil agus ionlanach a tha a' toirt seachad gnàth-eòlasan beairteach brioghmhòr do dhaoine òga air feadh na dùthcha, gan ullachadh airson beatha agus obair.

Tha an stiùireadh seo bho Sheirbheis an Airgid is nam Peinnseanan, a chaidh a chruthachadh airson bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean ann an Alba, a' toirt seachad deagh chunntas air cho cudromach 's a tha foghlam agus sunnd ionmhasail. Tha e cuideachd a' dèanamh argamaid làidir airson dòighean-obrach làn-sgoile agus com-pàirteachais as urrainn ruigsinneachd agus buaidh anns an t-seòmar-sgoile a leudachadh, a' sgoileadh a-mach gu dachaighean agus coimhairsnachdan agus a' togail sgilean beatha riatanach. Agus e air ullachadh ann an co-obrachadh le com-pàirtichean ann an roinn an ionmhais agus ann an roinn an fhoghlaim mar phàirt de dh'Fhòram Foghlam Ionmhasail na h-Alba, tha an stiùireadh na dheagh eisimpleir de na ghabhas dèanamh nuair a dh'obraicheas sinn còmhla, le amas coitcheann, gus ar clann agus ar daoine òga a dheasachadh airson a bhith nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, saoranaich earbsach, com-pàrtichean èifeachdach agus daoine mhisneachail nar comann-sòisealta Cuiridh seo cuideachd ri raon de phrìomhachasan agus gheallaidhean eile aig Riaghaltas na h-Alba, gu h-

àraidh a bhith a' brosnachadh Alba nas Cothromaiche tro bhith a' déligeadh ri neo-ionannachd ionmhais agus fiachan.

Mo thaing dhan t-Seirbheis Airgid is Pheinnseanan agus dhaibhsan a chuidich le bhith a' toirt cumadh air an stiùiridh seo. Tha mi cinnteach gun toir e deagh thaic agus comhairle do thidsearan agus luchd-cleachdaidh air feadh na h-Alba agus tha mi an dòchas gum brosnaich e fòcas nas mothà air foghlam ionmhasail agus sunnd ann an sgoiltean agus ann an coimhairsnachdan.

**John Swinney**

**Leas-phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean**

An t-Samhain 2020



# Clàr-innse

Facal-toisich.....	5
Cho cudromach 's a tha foghlam ionmhasail ann an sgoiltean.....	6
Mar a chuireas sibh an gnìomh agus mar a chuireas sibh ri foghlam ionmhasail san sgoil agaibh .....	9
A' gabhail an ath-cheum: a' cumail taic ri foghlam ionmhasail agus a' co-roinn deagh chleachdadh.....	18
Eàrr-ràdh 1: Cothroman gus foghlam ionmhasail a lìbhrigeadh tron churraicealam air fad .....	20
Eàrr-ràdh 2: A' planadh agus a' measadh an fhoghlaim ionmhasail agaibh .....	23
Eàrr-ràdh 3: Goireasan agus seirbheisean foghlam ionmhasail .....	24

# Facal-toisich

## Mun stiùireadh seo

Tha Ro-innleachd na RA airson Sunnd Ionmhais, air a stiùireadh le MaPS<sup>1</sup>, a' suidheachadh amas nàiseanta gus dèanamh cinnteach gum faigh 150,000 a bharrachd chloinne is dhaoine òga a tha a' fàs suas ann an Alba foghlam ionmhasail brìoghdmhor ro 2030. Còmhla ri pàrantan agus luchd-cùraim, tha àite deatamach aig sgoiltean ann a bhith a' libhrigeadh an àrd-amais seo.

'S e amas an stiùiridh seo taic a chumail ri àrd-sgoiltean na h-Alba leis an obair seo. Tha e a' toirt seachad sealladh farsaing air foghlam ionmhasail ann an àrd-sgoiltean, a' mìneachadh luach foghlam ionmhasail do na sgoilearan agad agus dhan sgoil agad, agus a' mìneachadh deagh chleachdadh stèidhichte air fianais air mar as urrainn do sgoiltean an dòigh-obrach aca a leasachadh no a neartachadh gus clann a chuideachadh le bhith ag ionnsachadh mu airgead.

Chan eilear an dùil gum bi an stiùireadh seo na sheatainnealan do thidsearan, oir tha mòran ghoireasan agus bhuidhnean ann a tha a' toirt seachad taic mar sin do sgoiltean. An àite sin, tha e a' mìneachadh na thathar a' sùileachadh bho sgoiltean, agus na ceumannan as urrainn dhaibh a ghabhail gus am foghlam ionmhasail aca a leasachadh agus àrdachadh. Bidh e cuideachd a' comharrachadh cuid de na seirbheisean, goireasan agus molaidhean mu chleachdadh sa chlas a tha ri fhaighinn do sgoiltean gus taic a chumail ris an obair aca.

## Cò dha a tha an stiùireadh seo?

Tha an Stiùireadh seo ag amas air taic a thoirt dhaibhsan a tha an urra ri no cunnatachail airson leasachadh agus libhrigeadh foghlam ionmhasail ann an àrd-sgoiltean a' gabhail a-steach:

- Ceannardan-sgoile agus àrd-luchd-stiùiridh
- Ceannardan cuspair, stiùirichean curraicealaim airson foghlam ionmhasail no cuspairean iomchaidh eile, agus stiùirichean meadhanach eile (m.e. Prìomh Thidsearan Taic/Stiùireadh Sgoilearan no Ceannardan na h-Ìre as Àirdre)
- Luchd-teagaisg a tha an sàs ann an libhrigeadh foghlam ionmhasail

- Oifigearan nan Ùghdarrasan Ionadail a tha an sàs ann a bhith a' cumail taic ri sgoiltean gus foghlam ionmhasail a libhrigeadh taobh a-staigh co-theacsa Curraicealaim airson Sàr-mhathais.



## Dè th' ann am foghlam ionmhasail?

Is e th' ann am foghlam ionmhasail ach gnìomhachd sam bith a chuidicheas sgoilearan le bhith ag ionnsachadh agus a' togail èolas, sgilean agus beachdan a dh'fheumas iad gus airgead a riaghladh gu math, gus co-dhùnaidhean ionmhais fiosraichte a dhèanamh agus gus an cuid cinn-uidhe a choileanadh. Faodaidh e a bhith a' gabhail a-steach raon farsaing de chuspairean, a' freagairt air feumalachdan dhaoine òga, bho bhileagan-pàighidh, stiùireadh buidseit agus morgaidsean, gu bhith a' tuigsinn buaidh airgid air làimhean, an t-eadar-dhealachadh eadar feumalachdan is miannan agus mar a làimhsichear cunnart.

<sup>1</sup>Tha Riaghaltas na h-Alba ag obair ann an com-pàirteachas le MaPS gus *Plana Libhrigeadh airson Alba* a chruthachadh, a'

mìneachadh nan gnìomhan a thèid a gabhail gus amasan na ro-innleachd a libhrigeadh.

# Cho cudromach 's a tha foghlam ionmhasail ann an sgoiltean

## Carson a tha foghlam ionmhasail cudromach do na sgoilearan

Bidh na sgilean, eòlas, beachdan agus giùlan a chuidicheas daoine gus airgead a riaghadh agus gus sunnd ionmhasail math a bhith aca a' tòiseachadh bho aois òg. Tha rannsachadh Seirbheis an Aigrid is nam Peinnseanan (MaPS) a' sealltainn gu bheil giùlan ionmhasail a' tòiseachadh air tighinn ri chèile eadar aois trì is seachd, le pàrantan agus luchd-cùraim<sup>2</sup> mar a' phriomh fhactar a tha a' toirt buaidh, agus faodar builean ionmhasail fad-ùine ro-innse bho sgilean agus giùlan chloinne cho òg ri còig.

Ged a tha a' mhòr-chuid de chloinn is òigridh a' dèanamh gu math air cuid de thaobhan de chomas ionmhais, tha beàrnan fhathast nan eòlas, nan sgilean agus nan cleachdaidhean. Tha an fhianais a' sealltainn nach eil an cunntas banca aca fhèin aig an treas cuid de chloinn aois seachd gu 17 ann an Alba; tha nas lugha na leth de dhaoine aois 11-17 a' faireachdainn misneachail mu bhith a' riaghadh an cuid airgid; agus gu bheil nas lugha na trian de chloinn is dhaoine òga a' sàbhaladh airgead dhaibh fhèin gach mìos<sup>3</sup>.

Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil foghlam ionmhasail san sgoil, aig an taigh agus sa choimhearsnachd a' dèanamh diofar math. Bidh clann agus òigridh a tha ag ràdh gun do dh'ionnsaich iad mu bhith a' làimhseachadh airgead san sgoil a' dèanamh nas fheàrr air iomadh tomhas de chomas ionmhais na an co-aoisean. Tha e nas buailtiche:

- gum bi iad a' sàbhaladh gu cunbalach
- cunntas banca a bhith aca, agus
- gum bi iad misneachail dèiligeadh ris an airgead aca.

Bidh foghlam ionmhasail a' cuideachadh clann agus òigridh le bhith ag ionnsachadh mar a làimhsicheas iad an cuid airgid aig an àm seo agus san àm ri teachd, a' taghadh nam batharan agus seirbheisean ionmhais as fheàrr agus gan dòn fhèin bho fhoill agus brath. Ach cha robh cuimhne aig ach mun dàrna leth de chloinn aois 12-17 ann an Alba air a bhith ag ionnsachadh mu làimhseachadh airgid san sgoil, is mar sin, tha barrachd a dhìth gus na cothroman tarraigeach a thoirt dhaibh a dh'fheumas iad gus na sgilean beatha ro-chudromach seo a thogail.

Tha cuid de chloinn agus daoine òga ann an cunnart nas motha droch chomas làimhseachaidh ionmhais a bhith aca, a' gabhail a-steach an fheadhainn le feumalachdan taic a bharrachd, an fheadhainn bho dhachaighean le teachd a-steach ìosal, òigridh fo chùram agus òigridh a tha cuideachd nan luchd-cùraim. Tha e gu sònraichte cudromach dèanamh cinnteach gu bheil an dòigh-obrach a thaobh foghlam ionmhasail ann an sgoiltean a' coileanadh feumalachdan na cloinne agus nan daoine òga sin cuideachd.

**“Tha mòran de na sgoilearan againn a' tighinn bho theaghlaichean aig a bheil cruaidh-chàs ionmhasail agus mar sin cuideachaidh a bhith a' teagasc dhaibh mu airgead agus a luach iad le bhith a' cumail taic riutha nuair a tha iad nan inbheach òga”<sup>4</sup>**

<sup>2</sup> Gus rudan a chumail simplidh, cleachdaidh sinn na teirmean 'pàrantan' tron stiùireadh seo air fad airson pàrantan agus luchd-cùraim eile a' gabhail a-steach luchd-glèidhidh agus luchd-cùraim a tha nan luchd-dàimh.

<sup>3</sup> Tha fianais san ro-ràdh seo bhon anailis air [CYP Financial Capability – UK Children and Young People's Survey](#) (Money and Pensions Service, 2020)

<sup>4</sup> Tha a h-uile cuòt bho luchd-teagaisg a' tighinn bho shuirbhidh neo-eisimeileach de 682 luchd-teagaisg a rinneadh le *We are Futures* san Fhaoilleanach 2019 agus bho [Financial Education in Secondary Education in England: Case Study Report](#) (Money Advice Service agus IFF Research, 2018)

## Carson a tha foghlam ionmhasail cudromach dhan sgoil agaibh

Tha foghlam ionmhasail na eileamaid ro-chudromach den Churraicealam airson Sàr-mhathais, mar phrìomh phàirt ann an cruthachadh 'luchd-ionnsachaidh soirbheachail', 'saoranaich chunntachail', 'luchd-com-pàirt èifeachdach' agus 'daoine mhisneachail' nar comann-sòisealta. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais ag ràdh gum bu chòir ionnsachadh ann am Matamataig leigeil le sgoilearan tuigse fhaighinn air cho cudromach 's a tha mothachadh ionmhasail, agus riaghadh èifeachdach air airgead airson a bhith beò gu neo-eisimeileach gu soirbheachail.

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais ag amas air a bhith ag dèanamh cinnteach gu bheil an t-eòlas, na sgilean agus na feartan aig daoine òga airson cleachdadh mar inbhich agus ann an saoghal na h-obrach – tha litarrachd ionmhais na phàirt riatanach de na sgilean sin. Mar eisimpleir, tha *Curriculum for Excellence: Building the Curriculum 3 – A Framework for Teaching and Learning* a' mineachadh gu bheil feum air farsaingeachd, doimhneachd agus adhartas ann a bhith a' planadh cothroman ionnsachaidh, gus Alba nas soirbheachaile a chruthachadh le cothroman do na h-uile a bhith a' soirbheachadh tro bhith a' cur ri fàs eaonomach seasmhach. San aon dòigh, fo *Building the Curriculum 4 – Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* feumaидh sgoiltean dearbhadh gu bheil iad a' tabhann curraicealam farsaing agus cothromach a bhios ag ullachadh sgoilearan airson cothroman, uallaichean agus gnàth-eòlasan nas fhaide air adhart nam beatha.

Tha comas ionmhasail na riatanas soilleir ann an curraicealam aig ìre foghlaim coitcheann farsaing airson sgoilearan aois trì gu 14 bliadhna a dh'aois, gu sònraichte ann raoin Curraicealaim Àireamhachd is Matamataig. Tha foghlam ionmhasail cuideachd na phàirt den churraicealam Eòlas Sòisealta gu sònraichte mar phàirt de dh' ionnsachadh mu ghnìomhachas agus iomairt, a' coimhead air cuspairean leithid bùithtean is seirbheisean, malairt eiticeil, pàigheadh airson bathar deatamach, buidseatadh, sàbhaladh, iasad an agus ionmhas airson gnìomhachas. Ro aois 14, bu chòir gum biodh oilleanach air ionnsachadh mu luach an airgid (a' gabhail a-steach ann an co-theacsa chùmhnantan is sheirbheisean), buidseatadh aig ìre nas adhartaiche, creideas is fiachan, cosnadh is cisean agus a' dèanamh coimeas eadar agus a' taghadh batharan ionmhais phearsanta.

Anns an ìre as Àirde (aois 15-18), bithear an dùil gun cuidich na Teisteanasan Nàiseanta gu lèir ann a bhith a' togail àireamhachd agus sgilean ionnsachaidh, beatha agus obair nan oileanach, agus bidh leasachadh sgilean na phàirt chudromach de seo. Bidh foghlam ionmhasail deatamach gus daoine òga a chuideachadh gus sgilean agus eòlas a thogail gus an ullachadh airson barrachd neo-eisimeileachd agus airson saoghal na h-obrach. Bidh mòran luchd-fastaidh an dùil ri ìre shònraichte de chomas ionmhais am measg an luchd-obrach aca, agus tha sgoiltean ann an deagh shuidheachadh airson daoine òga a chuideachadh gus ullachadh airson seo. Bidh seo gu sònraichte cudromach dhaibhsan bho chùl-raointean nas bochda no nas buaitche builean nas miosa a bhith aca, a dh'fhaodadh gluasad a-steach do shaoghal na h-obrach agus uallaichean ionmhais a ghabhail os làimh nas tràithe na an co-aoisean fhad agus le nas lugha de thaic teaghlach.

A bharrachd air sin, tha foghlam ionmhasail a' leigeil le tidsearan ceanglaichean a dhèanamh eadar na h-eòlasan agus builean ann an Àireamhachd agus Matamataig, Eòlas Sòisealta, Teicneòlasan, Litearrachd, Foghlam Creideimh Moralta agus Slàinte is Sunnd, gus cothroman ionnsachaidh coileanta, brioghmhor a thoirt seachad gus am bi comasan ionmhasail aig daoine òga. Faodar a fhighe a-steach do leasachadh pearsanta agus cuspairean saoranachd agus cuidichidh e gus cuspairean mar Mhatamataig a thoirt beò, a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh a' buntainn ri beatha làitheil na cloinne.

Tha an cuspair cuideachd a' toirt cothrom do sgoiltean a bhith a' libhrigeadh priomhachasan foghlaim làithreach, a' gabhail a-steach:

- A bhith ag obair a dh'ionnsaigh [Dùblan Coileanaidh na h-Alba](#) gus a' bheàrn airson sgoilearan fo ana-cothrom a dhùnadh, le barrachd fianais a' tighinn am bàrr gu bheil ceangal dìreach ann eadar sgilean ionmhas agus cothroman beatha.
- Faodaidh ìre mhath de dh'foghlam ionmhais airson clann agus daoine òga fo ana-cothrom buaidh a thoirt air coileanadh mu choinneamh comharran sunnd 'Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh' cuideachd.
- A bhith a' libhrigeadh [Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair](#) agus a' cur ri dòigh-obrach [Cruthachadh Sgioba-obrach Òg](#) agus a' cur ri dòigh-obrach a' cuideachadh dhaoine òga gus ullachadh airson saoghal na h-obrach.

- Ag àrdachadh na tha sgoiltean a' cur ri lìbhrigeadh [Every Child, Every Chance: the Tackling Child Poverty Delivery Plan 2018-2022](#) agus ri ro-innleachdan ionadail an-aghaidh bochdainn.

Bidh [Financial Education Planning Framework 11-19 years](#) aig Young Money a' mìneachadh prìomh amasan ionnsachaидh co-cheangailte ri airgead airson gach iре leasachaидh bho aois 11 gu 19. Leis nach eil e air a mhaidseadh ri cuspairean sònraichte sa churraicealam, faodar a chleachdad gu sùbailte gus lìbhrigeadh foghlam ionmhasail tron sgoil gu lèir a phlanadh.

**“Tha mi air leasanan a thoirt seachad far an deach cead a thoirt do dh'oileanaich ‘seopadaireachd uinneige’ air-loidhne a dhèanamh gus flat mac-meanmnach aca a sgeadachadh. Gheibh iad tuarastal bliadh nail, agus feumaidh iad cìs is cosgaisean obrachadh a-mach (màl, bilean is msaa) agus obrachadh a-mach dè a bhios aca ri chosg air a' flat ùr aca”**

# Mar a chuireas sibh an gnìomh agus mar a chuireas sibh ri foghlam ionmhasail san sgoil agaibh

Tha grunn cheuman ann a dh'ionnsaigh leasachadh no buileachadh dòigh-obrach a thaobh foghlam ionmhasail àrd-inbhe ann an àrd-sgoil. Is dòcha gu bheil sgoiltean air grunn dhiubh seo no a' mhòr-chuid dhiubh seo a dhèanamh mar-thà ach dh'fhaodadh gum biodh iad airson an cothrom seo a chleachdadh gus ath-sgrùdadh a dhèanamh a bheil dad a bharrachd air am bu chòir dhaibh beachdachadh.

Is iad na ceuman sin:

- [Dèan lèirmheas air feumalachdan agus molaidhean a' churraicealaim](#)
- [Dèan sgrùdadh air an t-solar làithreach agaibh agus dèan measadh air feumalachdan fios is ionnsachaidh nan oileanach agad](#)
- [Faigh bheachdan bho chloinn, luchd-obrach agus pàrantan](#)
- [Beachdaich air cuideigin a chomharrachadh mar phrìomh neach le uallach airson foghlam ionmhasail](#)
- [Lorg an cuideachadh a tha a dhìth oirbh – goireasan, solaraichean a-muigh](#)
- [Beachdaich air mar a bheirear taic do dh'oileanaich le feumalachdan a bharrachd](#)
- [Amas air dòigh-obrach airson na sgoile air fad](#)
- [Cùm sùil air agus dèan measadh air solar](#)
- [A' gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim ann a bhith a' lìbhrigeadh foghlam ionmhasail](#)

## Fon phrosbaig: Acadamaidh Grange, Cill Mheàrnaig

Ann an Acadamaidh Grange, tha sunnd agus foghlam ionmhasail air a lìbhrigeadh tro churraicealam foghlam pearsanta is sòisealta (PSE) agus ceangailte gu dlùth ri ionnsachadh ann an eòlas gnìomhachais, matamataig agus eòlas sòisealta. Tha e air fhighe a-steach air feadh an Fhoghlaim Choitcheann Pharsaing agus air a mheudachadh anns an ìre as Àirdé san sgoil gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga air an deagh uidheamachadh agus a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic gus dèiligeadh ri dùblain agus cothroman beatha às déidh na sgoile. Bidh ceannard sònraichte airson foghlam ionmhasail taobh a-staigh PSE a' dol an sàs le cuspairean eile sa churraicealam gus dèanamh cinnteach gu bheil co-obrachadh ann far an gabh sin dèanamh agus gu bheil teachdaireachdan agus sgilean cunbalach a' daingneachadh ionnsachadh, misneachd agus neo-eisimeileachd nan sgoilearan.

Thathar a' toirt cuireadh do sholaraichean foghlaim ionmhais sònraichte dhan sgoil gus bùthan-obrach a libhrigeadh do sgoilearan ÀS5 is 6, leis an t-susbaint air aontachadh ro-làimh gus fòcas a chur air prìomhachasan agus suidheachadh an luchd-ionnsachaidh. Tha na seiseanan seo air an leantainn le còmhradh, deasbad agus dùbhlann stèidhichte sa chlas gus fosgailteachd a bhrosnachadh agus gus togail air dàimhean làidir eadar tidsearan agus luchd-ionnsachaidh.

Bidh leasanan àireamhachd agus matamataig a' cruthachadh nan sgilean agus na tuigse gus dèiligeadh ri cùisean ionmhais, agus a' toirt a-steach co-theacsan cudromach leithid ìrean rèidh air iasad an t-eadar-dhealachadh eadar diofar bhatharan ionmhais. Tha an co-theacs deatamach a tha air a chruthachadh tro PSE a' gabhail a-steach saidhceòlas co-dhùnaidhean

ionmhais, ceangailte ri luachan, beachdan agus cumaidhean-inntinnean nan sgoilearan. Tha e a' brosnachadh deasbad air a stiùireadh leis a' chlas gus sgrùdadh a dhèanamh air: cùisean fior-bheatha agus a' bhuaidh a dh'haodadh a bhith aig co-dhùnaidhean ionmhais; an diofar eadar na rudan a 'dh'fheumas' sinn agus a tha sinn 'ag iarraidh'; 'deagh fhiachan' agus 'droch fhiachan'; mar a chumar smachd ann an comann-sòisealta fior choinsiumaireach; agus na cunnartan aig 'creideas furasta'. Tha sgoilearan air am brosnachadh gus eisimpleirean neo gnàth-eòlasan saor-thoileach a thoirt seachad agus gus rannsachadh a dhèanamh air sanasan air YouTube agus meadhanan sòisealta eile gus dòighean margaidheachd agus trapaichean cumanta a chomharrachadh a dh'haodar a chleachdad gus buaidh a thoirt air daoine gus creideas a ghabhail os làimh.

## Dèan lèirmheas air feumalachdan agus molaidhean a' churraicealaim

Bu chòir do sgoiltean ath-sgrùdadh a dhèanamh air na sgrìobhainnean Curraicealam airson Sàr-mhathais agus na h-eòlasan agus builean, slighean adhartais agus slatan-tomhais ann an Àireamhachd agus Matamataig, Èolas Sòisealta agus Slàinte is Sunnd gus tuigse fhaighinn air na tha a dhìth orra. Anns an ìre as Àirde, tha sgoiltean a' cleachdad garsaingeachd de dhòighean-obrach agus is urrainn dhaibh pearsanachadh agus roghainn nas fheàrr a thabhan do dhaoine òga.

Tha [Èarr-ràdh 1](#)' mìneachadh cuid de dh'eòlasan agus builean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais a gheibh taic bho, agus a bheir taic do libhrigeadh, foghlam ionmhasail.

Tha [Financial Education Planning Framework 11-19 years](#) a' toirt seachad amasan ionnsachaidh coileanta airson gach ìre aoise agus tha e air aontachadh le prìomh èolaichean foghlaim ionmhasail. Tha e air leth freagarrach airson a bhith a' planadh amasan, leasanan no gnìomhan. Tha e a' moladh eòlas, sgilean agus beachdan ionmhasail as urrainn dhan luchd-ionnsachaidh a thogail ann an ceithir cuspairean: mar a làimhsicheas iad airgead; a bhith na neach-cleachdaidh smaoineachail; riaghlaigh chunnartan agus faireachdainnean co-cheangailte ri airgead; agus a' tuigsinn na pàirt cudromaich a th' aig airgead nar beatha.

## Dèan sgrùdadh air an t-solar agaibh agus dèan measadh air feumalachdan fios is ionnsachaidh nan oileanach agad

A' beachdachadh air na molaidhean gu h-àrd, dh'haodadh tu sgrùdadh a dhèanamh air solar teagaisg na sgoile agad an-dràsta a thaobh foghlam ionmhasail gus a neartan a stèidheachadh agus beàrnan a chomharrachadh. Tha e feumail cuideachd a bhith a' coimhead nas fharsainge na an curraicealam, mar eisimpleir gus beachdachadh a bheil foghlam ionmhasail ga libhrigeadh tro cho-chruinneachaidhean sgoile no tachartasan is clubaichean taobh a-muigh na sgoile. Tha cuid de phriomh cheistean measaidh ann an [Èarr-ràdh 2](#) a bheir taic do sgoiltean gus an sgrùdadh seo a dhèanamh.

Tha e cuideachd feumail eòlas, sgilean agus beachdan làithreach nan sgoilearan a thuigsinn a thaobh airgead gus tuigse fhaighinn air an cuid feumalachdan ionnsachaidh agus mar bu chòir an curraicealam a structaradh no atharrachadh. Ghabhadh seo a dhèanamh tro quiz sìmplidh mar eisimpleir. Tha [Financial Education Planning Framework 11-19 years](#) cuideachail ann a bhith a' suidheachadh prìomh amasan ionnsachaidh co-cheangailte ri airgead, gus do chuideachadh le bhith a' tuigsinn an àite töiseachaidh airson foghlam ionmhasail airson gach buidheann aoise san sgoil.

**"Gu tric tha na suirbhidhean sgoilearan againn a' sealltainn nach robh deagh thuigse aca air bileagan-pàighidh, cìsean is msaa. agus mar sin chuir sinn seo a-steach dhan phrògram againn"**

## Faigh beachdan bho oilleanaich, luchd-obrach agus pàrantan

Faodaidh e a bhith feumail oilleanaich, luchd-obrach agus pàrantan a thoirt a-steach do cho-dhùnaidhean na sgoile air prìomhachasan foghlam ionmhasail agus air na bu chòir a theagast. Dh'haodadh seo cuideachd dealas àrdachadh agus, gu sònraichte, a bhith na dhòigh-conaltraidh le pàrantan.

- Dh'haodadh an sgoil co-chomhairle a dhèanamh leis a' chloinn tro chomhairle nan sgoileirean, no le bhith a' cruthachadh suirbhidh, no fiù's le bhith ag iarraidh air a' chloinn iad fhìn beachdan an co-aoisean a chruinneachadh air dè na roinnean airgid a tha iad airson ionnsachadh mu dheidhinn.
- Faodar co-chomhairle a chumail le luchd-obrach cuideachd agus iarraidh orra an t-eòlas, na sgilean agus na beachdan a chomharrachadh a bu chòir do gach ire a thogail, is dócha a' cruinneachadh bheachdan tro shuirbhidh simplidh agus a' cleachdad nam freagairtean ann am planadh.
- Tha buaidh chudromach aig pàrantan air comasan ionmhasail an cuid chloinne agus gu tric tha argamaid làidir ann airson a bhith a' lìbhrigeadh eadar-theachdan a bhios ag obair leis an teaghlaich gu lèir seach direach le sgoilearan. Ach, bidh na tha iad ag iarraidh dèanamh a rèir an t-suidheachaidh agus nam beachdan aca air feumalachdan an cuid chloinne. A-rithist, dh'haodadh suirbhidh air-loidhne a bhith na dheagh dhòigh gus na beachdan aca fhaighinn.

## **Beachdaich air cuideigin a chomharrachadh mar phrìomh neach le uallach airson foghlam ionmhasail**

Bidh foghlam ionmhasail gu tric a' farpais ri cuspairean eile airson roghainn de bhuidseit na sgoile agus ùine a' churraicealaim, fiù's nuair a tha àrd-stiùirichean ag aontachadh gu bheil an cuspair glè chudromach. Le bhith a' comharrachadh cuideigin mar phrìomh neach le uallach airson foghlaim ionmhasail, bidh iad comasach air foghlam ionmhasail a bhrosnachadh air feadh na sgoile agus a' comharrachadh chothroman gus foghlam ionmhasail fhighe a-steach dhan ionnsachadh, agus cuidichidh gus dèanamh cinnteach gu bheil lìbhrigeadh èifeachdach ann. Faodaidh iad dòigh-obrach nas adhartaiche is nas cunbhalaiche a dhealbhadh agus a cho-òrdanachadh a thaobh buileachadh thar na sgoile, a' tarraing air co-dhùnaidhean bhon sgrùdadh agus measadh bun-loidhne agad, agus faodaidh iad taic a thoirt do luchd-obrach gus sgilean agus misneachd a thogail gus foghlam ionmhasail fhighe a-steach do na leasanan aca.

## **Lorg an cuideachadh a tha a dhìth oirbh: goireasan, trèanadh agus solaraichean a-muigh**

Tha grunn ghoireasan agus seirbheisean ann as urrainn ur cuideachadh gus foghlam ionmhasail a lìbhrigeadh le deagh chàileachd. Tha thu anns an t-suidheachadh as fheàrr airson co-dhùnadadh dè an seòrsa taic a dh'haodadh a bhith a dhìth air an sgoil agad - co-dhiù tha sin a' ciallachadh a bhith a' lorg ghoireasan airson cleachdad sa chlas, a' toirt trèanadh do luchd-obrach no a' toirt cuireadh do sholaraichean bhon taobh a-muigh bùth-obrach a lìbhrigeadh.

### **A' lorg deagh ghoireasan barrantaichte**

Tha measgachadh farsaing de ghoireasan rim faighinn gus taic a thoirt do dh'fhoghlam ionmhais, a' frithealadh air diofar bhuidhnean aoise agus stoidhlichean teagaisg is ionnsachaiddh. Tha an [Financial Education Quality Mark](#), air a mhaoineachadh le Seirbheis an Airgid is nam Peinnseanan, a' barantachadh càileachd ghoireasan a thaobh pongalachd agus iomchaidheachd foghlaim. Tha goireasan barantaichte a' tighinn bho raon de sholaraichean agus faodaidh sgoiltean lorg a dhèanamh a rèir aois, cuspair, seòrsa, tèama agus feart.

Faic [Èarr-ràdh 3](#) airson liosta de ghoireasan foghlam ionmhasail làithreach.

### **A' trèanadh luchd-teagaisg gus foghlam ionmhasail a thoirt seachad**

Tha foghlam ionmhasail nas èifeachdaiche nuair a tha tidsearan air an deagh thrèanadh, fiosrachail agus misneachail anns a' chuspair agus nuair a tha an eòlas-teagaisg iomchaidh aca air a shon. Tha trèanadh nan daoine le uallach sònraichte airson foghlam ionmhasail na phrìomhachas, gus an cuid eòlais agus an comas a thogail gus taic a thoirt do luchd-obrach eile. Ma ghabhas e dèanamh, tha seo air a leantainn le trèanadh dhan h-uile neach-foghlaim agus neach-taic a tha an sàs ann am foghlam ionmhasail, an dàrna cuid air a sgoileadh leis a' phrìomh thidsear (ma tha e/i misneachail) no le solaraiche bhon taobh a-muigh.

Faic [Èarr-ràdh 3](#) airson liosta de sholaraichean foghlam ionmhasail.



## Foghlam Sunnd agus Ionmhasail ann an Àrd-sgoil Biggar

Tha Àrd-sgoil Biggar a' leabachadh foghlam ionmhasail agus sunnd tro phrògram ionnsachaидh Sgilean-beatha a thòisicheas ann an ÀS2. Tha an dòigh-obrach stèidhichte taobh a-staigh teagastg foghlam pearsanta is sòisealta agus tha e ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean, an tuigse agus na beachdan aig an òigridh uile aca a tha riatanach airson tighinn beò ann an saoghal an latha an-diugh. Tha na ghnìomhachdan tòiseachail a' coimhead air a' mhargaidh obrach agus dreuchdan a dh'fhaodadh a bhith aig sgoilearan, a' coimhead air cùisean leithid tuarastalan eadar-dhealaichte ann an diofar roinnean, a bharrachd air taobhan de chosgaisean bith-beò (leithid cìs teachd a-steach, àrachas, peinnseanan agus goireasan) agus cho cudromach 's a tha buidseatadh. Tha raon de ghoireasan ann gus taic a chumail ri seo, a' gabhail a-steach Tax Facts for 14-17 year-olds aig an HMRC.

Bithear a' dèanamh barrachd ionnsachaидh is meòrachaيدh tron ire as Àirde, le bùthan-obrach bho sholarachean foghlaim ionmhais sònraichte a' cuimseachadh air prìomh thaobhan de dh'ionmhas pearsanta, cho cudromach 's a tha co-dhùnайдhean agus buidseatadh làidir agus na cunnartan a tha an lùib iasad an latha-pàighidh agus seòrsaichean grad-chreideis eile. Bidh Oiltigh Shrath Chluaidh a' toirt seachad sheiseanan air gluasad gu foghlam àrd-ire agus air cho cudromach 's a tha planadh agus buidseatadh agus tha an stiùireadh aig Buidheann Tabhartasan Oileanach na h-Alba (SAAS) air ionmhas a' toirt seachad innealan luachmhor mar bhunait airson sin. Tha foghlam agus planadh dhreuchdan a' toirt seachad barrachd chothroman gus lèirsinn a thoirt seachad air a' mhargaidh obrach agus beachdachadh air diofar sheòrsaichean obraichean agus air na tuarastalan agus buannachdan san àite-obrach co-cheangailte riutha, a bharrachd air na duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith an lùib chùmhñantán gun uairean agus dùblain làithreach eile. Bidh còmhradh agus co-roinn fios sa chlas a' brosnachadh sgoilearan a bhith a' beachdachadh air na h-amasan ionmhais pearsanta aca agus air dè cho practaigeach 's a tha e an toirt gu buil sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine.

## A' Cleachdadh solaraichean air an taobh a-muigh

Tha farsaingeachd de sholaraichean bhon taobh a-muigh ann a bheir taic do sgoiltean le foghlam ionmhasail, a' gabhail a-steach carthannasan, bancaichean, gniomhachasan agus buidhnean eile. Gabhaidh solaraichean bhon taobh a-muigh a cleachdadh ann an diofar dhòighean gus piseach a thoirt air lìbhrigeadh foghlam ionmhasail, a' gabhail a-steach: a bhith a' lìbhrigeadh trèanadh dhan neach le prìomh uallach, no dhan luchd-obrach air fad; a' toirt taic dhan sgoil gus plana làn-sgoile a chruthachadh; agus a' cumail co-chruinneachadh no bùth-obrach le buidheann sgoilearan. Faodaidh obair le gniomhachasan ionadail no carthannasan cuideachadh cuideachd gus ceanglaichean a thogail eadar an sgoil agus a' choimhairsnachd ionadail.

Gus an luach as mothà fhaighinn bho sholaraike às an taobh a-muigh, tha e feumail ma tha sgoiltean:

- soilleir mu na builean ionnsachaidh agus mu na tha iad ag iarraidh fhaighinn bhon turas
- a' rannsachadh na tha am prògram a' tabhann - an t-adhbhar aige, an co-theacs, na seòrsaichean conaltraidh, agus iomchaidheachd do na sgoilearan agus dhan churraicealam
- air conaltradh a dhèanamh leis an t-solaraike ro-làimh, a' dèanamh soilleir dè an ùine a tha ri faighinn agus a' toirt seachad fiosrachadh mu fheumalachdan ionnsachaidh nan oileanach, gus an urrainn dhan t-solaraike beachdachadh air an dòigh as fheàrr air an t-ionnsachadh a neartachadh
- a' co-obrachadh leis an luchd-solair gus dèanamh cinnteach gum bi gniomhachdan foghlaim làidir agus iomchaidh do na sgoilearan agus dhan cho-theacsa ionadail
- a' toirt seachad beachdan air an t-seisean agus a bhith mar phàirt den phròiseas measaidh
- air beachdachadh air mar a shuidhicheas tu bunaitean ionnsachaidh ron t-seisean agus mar a leudaicheas tu an t-ionnsachadh às dèidh sin (tha cuid de phrògraman a' tabhann ghoireasan clas air an dèanamh ro làimh airson seo).

Faic [Èarr-ràdh 3](#) airson liosta de sholaraichean bhùithtean obrach foghlam ionmhasail agus seirbheisean eile.

"Tha ceanglaichean làidir aig an sgoil sa choimhairsnachd. Bheir gniomhachasan ionadail òraidean seachad air cuspairean co-cheangailte ri foghlam ionmhasail... agus bidh iad seo bhrosnachail do luchd-ionnsachaidh cuideachd"



## **Beachdaich air mar a bheirear taic do dh'oileanaich le feumalachdan a bharrachd**

Nuar a tha thu a' planadh foghlam ionmhasail, bidh e feumail beachdachadh air feumalachdan sònraichte sgoilearan do sgoile. Tha rannsachadh a' sealltainn gu bheil cuid de dh'òigridh ann am barrachd cunnart bho droch sgilean airgid a bhith aca agus dh'faodadh gum faigheadh iad buannachd fhaighinn bho thaic a bharrachd, a' gabhail a-steach sgoilearan:

- le duilgheadas sòisealta, faireachail agus slàinte-inntinn (SEMH) no duilgheadas ionnsachaidh maireannach
- le ìrean nas ìsle de dh'ìreamhachd is litearachd
- le trioblaidean a thaobh giùlain no ìrean dìchill nas ìsle
- a tha no a bha ann am bochdainn no ann am fiachan mòra<sup>5</sup>.

Mar an ceudna, dh'fhaodte gum faigh clann agus daoine òga buannachd bho fhoghlam ionmhais cuimsichte air sgàth an t-suidheachaidh aca, leithid an fheadhainn ann an cùram agus luchd-fàgail cùraim, an fheadhainn aig a bheil dleastanasan cùraim, no an fheadhainn aig a bheil Beurla mar chànan a bharrachd.

Tha eòlas air roghainnean a dhèanamh agus uallach a ghabhail le airgead cudromach tro leanabachd agus òigeachd, gu h-àraidh do dhaoine òga le feumalachdan taic a bharrachd (ASN), agus faodaidh foghlam ionmhasail a bhith deatamach airson an cuideachadh a' faighinn neo-eisimeileachd agus gluasad soirbheachail gu bhith nan inbheach. Ach, gu tric bidh dùblain a bharrachd romhpa a thaobh airgead, le coltas nas àirde ann gum bi droch chomas ionmhais aca agus dh'faodadh gum bi iad cuideachd ann an cunnart nas mothà bho dhaoine a bhith a' gabhail brath orra.

Bidh sgoiltean airson an dòigh-obrach atharrachadh airson sgoilearan mar seo agus:

- gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh aca mu fheartan fa leth agus co-theacsan beatha nan sgoilearan a tha feumach air taic a bharrachd gus an urrainn dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt dhaibh susbaint a tha iomchaidh agus buntainneach dhaibh

- a bhith ag obair le pàrantan agus luchd-cùraim gus tuigsinn dè seòrsa ionnsachaidh a bhiodh feumail do an cuid chloinne. Tha [Financial Education Planning Framework 11-19 years](#) a' gabhail a-steach builean ionnsachaidh a tha air am moladh, a ghabhadh cleachdadh gus measadh a dhèanamh air eòlas, sgilean agus feumalachdan làithreach an neach-ionnsachaidh agus gus sùil a chumail air an cuid adhartas.

Faodaidh e a bhith buannachdail do sgoiltean Feumalachdan Taic a Bharrachd agus sgoiltean eile le sgoilearan le Feumalachdan Taic a Bharrachd beachdachadh air goireasan agus beachdan airson gnìomhan atharraichte mu sgilean beatha a cho-roinn, a' gabhail a-steach foghlam ionmhasail.

Do dhaoine òga so-leònte, a' gabhail a-steach an fheadhainn le ASN, faodaidh teisteanasan is duaisean cùrsa-goirid structar agus taic a thoirt seachad gus foghlam ionmhasail a thogail mar phàirt de phrògraman sgilean beatha. Faic [Èarr-ràdh 3](#) airson barrachd fiosrachaidh mu theisteanasan, a bharrachd air goireasan a chaidh atharrachadh gus am biodh iad a rèir feumalachdan chloinne le Feumalachdan Taic a Bharrachd.

**"Tha mi a' teagasc ann an  
suidheachadh Solarachadh  
Leasaichte agus tha sinn a' toirt a-  
steach airgead ann am mòran de na  
gnìomhan againn a thaobh sgilean-  
beatha, m.e. a' planadh seisean  
bèicearachd le bhith a' sgrìobhadh  
liosta seopadaireachd, a' dol do na  
bùithtean agus a' pàigheadh airson  
grìtheidean (iomlaid is msaa) agus an  
uair sin a' fuine."**

<sup>5</sup> [CYP Financial Capability: UK Children and Young People's Survey – Vulnerability](#) (Money and Pensions Service, 2020)

## Amas air dòigh-obrach airson na sgoile air fad

Faodaidh dòigh-obrach chunbalach, làn-sgoile a thaobh foghlam ionmhasail cur ri curraicealam farsaing, cothromach agus beartach a chuireas builean ionnsachaidh adhartach agus adhartas soilleir an comas. Tha grunn dhòighean-obrach as urrainn do sgoiltean cleachdadh.

**Stèidhichte air cuspair:** A bharrachd air a bhith a' lìbhrigeadh ionnsachadh gus eòlasan agus builean co-cheangailte ri airgead ann am Matamataig agus Àireamhachd agus Eòlas Sòisealta a choileanadh tha cothroman ann foghlam ionmhasail a theagasc tro chuspairean eile. Mar eisimpleir: Slàinte is Sunnd (m.e. a' sgrùdadadh chosgaisean ithe fallain no ceanglaichean eadar airgead is slàinte-inntinn), Teicneòlasan (m.e. a' cumail airgead sàbhailte air-loidhne), Litearrachd (m.e. a' bruidhinn air cùisean airgid ann an priomh theacsainchean), Foghlam Creideimh agus Moralta (m.e. a' sgrùdadadh luach airgead agus na rudan a bheir buaidh air na roghainnean airgid againn); no Ealain Chruthachail (m.e. cluich mas-fhòr stèidhichte air còmhraidhean teaghaileach mu roghainnean cosg).

**Dòigh-obrach tar-churraicealaim agus lìbhrigeadh iomlanach** A bhith a' leudachadh na dòigh-obrach eadar-chuspaireil a thaobh foghlam ionmhasail. Tha seo na dhòigh-obrach chudromach aig gach ire den Churraicealam airson Sàr-mhathais agus tha e a' ruith tron churraicealam, feallsanachd is beatha na sgoile agus na coimhearsnachd, agus tro ghrunn cothroman eile airson leasachadh pearsanta<sup>6</sup>.

**Seachdain fòcais::** Tog pròfil foghlam ionmhasail tro sheachdain fòcais, tron sgoil air fad, mar eisimpleir tro [My Money Week](#), [Seachdain Matamataig na h-Alba](#) no [Talk Money Week](#). Ach, ged as urrainn làithean sònraichte fòcas a thoirt seachad, bu chòir an cleachdadh mar phàirt den mheasgachadh de cothroman, chan ann mar an aon dòigh air foghlam ionmhasail a lìbhrigeadh.

**Co-chruinneachaidhean sgoile:** Cleachd co-chruinneachadh sgoile gus barrachd cuideam a chur air foghlam ionmhasail no dèan ceanglaichean ri cuspairean an latha, ceangailte ri feallsanachd agus luachan na sgoile.

**Taobh a-muigh a' churraicealaim:** Dèan feum de cothroman taobh a-muigh na sgoile gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' gabhail a-steach conaltradh le pàrantan is luchd-cùraim, m.e. feasgar foghlaim ionmhais dhan teaghachd gu lèir le molaidhean agus deagh chleachdadh airson a bhith a' bruidhinn ri agus a' teagasc do dh'òigridh mu airgead. Tha barrachd fiosrachaiddh gu h-ìosal mu chom-pàirteachadh le pàrantan is luchd-cùraim.

**Obair-dachaigh:** Suidhich gnìomhan co-cheangailte ri foghlam ionmhasail mar obair-dachaigh no mar ionnsachadh flipped, gus co-nbrachadh a bhrosnachadh le pàrantan.

**Ceangailte ri tachartasan air mìosachan na sgoile:** Dèan feum de cothroman a thig am bàrr taobh a-staigh na bliadhna sgoile, m.e. a' ruith bùth-sgoile; planadh agus maoineachadh turas air falbh, buidseataidh airson dràma na sgoile, stèidheachadh iomairt shòisealta; no cur air dòigh tachartas carthannach.

**A' cleachdadh 'nithean a ghabhas teagasc' agus cothroman airson ionnsachadh fèin-fhiosrachail:** Tha fianais a' nochdadadh gu bheil clann agus òigridh nas deònaiche ionnsachadh mu airgead aig amannan far a bheil e a' buntainn ri tachartasan nam fior bheatha, aig 'amannan a ghabhas teagasc' agus 'dìreach ann an tide' airson an cuid ionnsachaidh a chur an sàs<sup>7</sup>. Tha dachaighean, sgoiltean agus coimhearsnachdan uile nan deagh sheanailean airson ionnsachadh. Dh'fhaodadh cothroman ionnsachaidh èirigh bho rudeigin anns na naidheachdan, rudeigin a tha air tachairt ann am beatha an sgoileir (m.e. a' faighinn cùmhant fòn-làimhe, a' tòiseachadh obair phàirt-ùine) neo dìreach ceist inntinneach (m.e. Ciamar a thèid an t-airgead a chur a-staigh dhan inneal-airgid? Ged a dh'fhaodadh na cothroman sin èirigh gun rabhadh, is urrainn sgoiltean ullachadh timcheall air tachartasan aig diofar iaran beatha cuideachd (m.e. ag ullachadh airson a bhith a' fuireach gu neo-eisimeileach).

**Teisteanasan Nàiseanta:** Tha grunn Theisteanasan Nàiseanta rim faighinn a-nis a thaobh foghlam ionmhasail. (Faic [Èarr-ràdh 3](#) airson fiosrachadh a bharrachd)

<sup>6</sup> CfE Briefing: Interdisciplinary Learning (Foghlam Alba et al, 2012)

<sup>7</sup> [Developing Financial Capability in Children and Young People: A Review of the Evidence](#) (Money Advice Service agus My Pocket Skill, 2018)

**“Bithear a’ teagasc foghlam ionmhasail do luchd-ionnsachaidh mar phròiseact dà sheachdain fa leth aig deireadh na bliadhna acadaimigich. Tha pròiseactan a’ gabhail a-steach a bhith a’ taghadh cùmhnant fòn-làimhe, a’ sgeadachadh gàrradh agus a’ dealbhadh an t-seòmair-chadail a b’ fheàrr leotha taobh a-staigh buidseit”**

#### Fon phrosbaig: TechFest Maths into Finance

Bidh sgoiltean ann an Siorrachd Obar Dheathain a’ gabhail pàirt ann am Maths into Finance, tachartas aon-latha air a dhealbhadh agus air a libhrigeadh le TechFest gus sealladh a thoirt do sgoilearan Àrd-2 air mar as urrainnear matamataig a chur an sàs ann an suidheachaidhean fior-bheatha. Bheir an latha cothrom do dh'oileanaich a dhol an sàs le proifeiseantaich gnìomhachas an ionmhais agus am matamataig a dh'ionnsaicheas iad san sgoil a chleachdadh gus fuasgladh fhaighinn air an t-seòrsa de dhuilgheadasan ris am bi proifeiseantaich a’ dèligeadh gach latha. Bidh tidsearan matamataig a’ faighinn taic le cleachdadh practaigeach agus ionnsachadh thar-churracealaim, agus gheibh oileanaich sealladh air saoghal na h-obrach agus togaidh iad sgilean ionmhais airson am beatha.

Anns an t-seisean tha trì bùthan-obrach a chaidh a dhealbhadh gus obair-sgioba a bhrosnachadh agus gus fios mu mhodaladh matamataigeach a thoirt do sgoilearan. Am measg nan cuspairean a chaidh a sgrùdadh tha: an diofar eadar feum agus iarraidh, morgaids, cìsean, bileagan-pàighidh, buidseatan, dòn agus cunnart, fiachan, sàbhalaigh, agus dreuchdan ann an ionmhas. Thig an latha gu crìch le Dùblan Gnothachais gus na sgilean a chaidh a thogail agus a leasachadh tro na seiseanan roimhe a dhearbhadh.

#### Cùm sùil air agus dèan measadh air solar

Cuidichidh sgrùdadh agus luachadh an t-solar foghlaim ionmhasail agaibh sibh gus a’ bhuaidh iomlan a mheasadh agus builean nan sgoilearan a leasachadh. Dh’fhaodadh e gabhail a-steach amharc sa chlas, lèirmheas air obair sgoilearan, no suirbhidhean/agallamhan le luchd-obrach, sgoilearan no solaraichean a tha a’ tadail air an sgoil. Tha [Èarr-ràdh 2](#) a’ mìneachadh cuid de na ceistean a dh’fhaodadh a bhith feumail a thaobh measadh, agus faodar [Financial Education Planning Framework](#) a chleachdadh gus na builean ionnsachaidh a tha sgoiltean airson a choileanadh a chomharrachadh.

#### A’ gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim ann a bhith a’ libhrigeadh foghlam ionmhasail

Tha com-pàirteachadh pàrantach is teaghlaich na phrìomh fhactar ann a bhith a’ cuideachadh gach sgoilear gus na h-inbhean as àirde ann am foghlam a choileanadh agus a bhith a’ lùghdachadh neo-ionannachd. Bidh ionnsachadh teaghlaich a’ brosnachadh buill den teaghlaich a bhith ag ionnsachadh còmhla, a’ brosnachadh bheachdan fàbharach a thaobh foghlam fad-bheatha<sup>8</sup>. Mar eisimpleir, tha fianais a’ sealltainn gu bheil clann nas dualtaiche deagh sgilean airgid a bhith aca ma bhios am pàrant no an neach-cùraim: a’ toirt airgead dhaibh gu cunbalach (ge bith dè an t-suim a th’ ann); a’ toirt dhaibh uallach airson co-dhùnaidhean sàbhalaidh agus cosg; a’ bruidhinn air cò às a tha teachd a-steach na dachaigh a’ tighinn agus dè thachras dha; agus a’ sealltainn dhaibh mar a nì iad gnìomhan co-cheangailte ri airgead.<sup>9</sup> Tha rannsachadh cuideachd a’ sealltainn gu bheil eadar-theachdan foghlam ionmhasail nas buailtiche buaidh a thoirt nuair a tha pàrantan agus luchd-cùraim an sàs.<sup>10</sup>

Mar sin tha e cudromach gun cuidich sgoiltean pàrantan a bhith a’ tuigsinn na pàirt deatamaich as urrainn dhaibh a chluich agus gum bi iad an sàs ann an ionnsachadh an cuid chloinne mu airgead. Tha tòrr phàrantan a’ faireachdайн nach eil an tuigse no misneachd aca a tha a dhìth orra gus teagasc mu airgead do an cuid chloinne. Tha com-pàirteachadh le pàrantan uaireannan doirbh, agus do chuid a phàrantan, tha e na chuspair air leth doirbh no mì-

<sup>8</sup> [National improvement framework: drivers of improvement](#)

(Riaghaltas na h-Alba, 2017)

<sup>9</sup> [Children and Young People and Financial Capability: Needs](#)

[Analysis](#) (Money Advice Service, 2018)

<sup>10</sup> [Developing Financial Capability in Children and Young People: A Review of the Evidence](#) (Money Advice Service agus My Pocket Skill, 2018)

chofhurtail, agus mar sin thathar a' moladh brosnachadh socair gus pàirt a ghabhail. Dh'fhaodadh sgoiltean beachdachadh air fios a sgaoleadh tro làrach-lìn na sgoile, puist-d, cuairt-litrichean, aplacaidean sgoile, meadhanan sòisealta no tachartasan lionrachaiddh.

**"Dè tha air obrachadh ann an lìbhrigeadh foghlam ionmhasail? Pàrantan a bhith a' gabhail pàirt ann agus a' ceangal obair san sgoil ri clann a' faighinn eòlas air cleachdaidhean practaigeach aig an taigh m.e. cunntasan, bancaireachd, buidseatan seopadaireachd"**

Am measg mholaidhean airson a bhith a' gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim tha:

- A' toirt seachad **comhairle phractaigeach** do phàrantan, a' brosnachadh gum bi clann agus òigridh an sàs ann an cleachdad agus planadh airgid (m.e. a' seopadaireachd, a' coimhead air bilean, a' buidseatadh) agus a' suidheachadh amasan ionmhasail (m.e. a' sàbhaladh airson tachartas no nì sònraichte)
- A' faighinn **guth nam pàrant** air foghlam ionmhasail (m.e. tro shuirbhidh dhan sgoil air fad)
- A' cruthachadh **eadar-theachdan pàrantachd** gus an cuid sgilean a thaobh riaghlaigh airgid agus bruidhinn ri an cuid chloinne mu airgead a leasachadh (m.e. a' ruith bùth-obrach, a' tabhann ro-innleachdan agus gan stiùireadh gu taic a bharrachd).
- Pàrantan a bhith an sàs ann an gnìomhan **ionnsachaidh co-obrachail** mu fhoghlam ionmhasail bhrosnaicheas deasbad mu airgead agus le bhith a' co-roinn planadh cuspair foghlam ionmhasail gus am bi fios aig pàrantan cò air a bhios iad a' coimhead
- A' cumail **tachartas** ta tha a' toirt pàrantan agus clann còmhla gus foghlam ionmhasail a leasachadh.
- **A' co-roinn gnàth-eòlasan**, cleachdad èifeachdach agus beachdan mu fhoghlam ionmhasail leis a' choimhairsnachd san fharsaingeachd, a' gabhail a-steach pàrantan.

Tha cuid de na goireasan agus an taic ann an [Èarr-ràdh 3](#) a' gabhail a-steach gnìomhan gus com-pàirteachadh le pàrantan ann am foghla姆 ionmhasail. Bidh am [Money Advice Service](#) cuideachd a' toirt seachad molaidhean agus gnìomhan gus pàrantan a chuideachadh gus bruidhinn ri an cuid chloinne mu airgead.

# A' gabhail an ath-cheum: a' cumail taic ri foghlam ionmhasail agus a' co-roinn deagh chleachdad

Tha brosnachadh foghlam ionmhasail a' ciallachadh a bhith a' cuideachadh sgoilearan, luchd-obrach, teaghlaichean agus a' choimhairsnachd san fharsaingeachd (a' gabhail a-steach sgoiltean eile, buidhnean coimhairsnachd agus gniomhachasan) gus a chudromachd a thuigsinn. Gu tric, cuiridh seo ris an ionnsachadh agus bheir e seachad fuasglaidhean ionadail do dhuitgheadasan ionadail.

## Taobh a-staigh na sgoile

Dh'faodadh dòighean taic do sgoilearan is luchd-obrach a bhith a' gabhail a-steach cleachdadhe co-chruinneachaidhean, eadra-lìon na sgoile, duaisean ionnsachaidh, coinneamhan luchd-obrach no làithean trèanaidh. Faodaidh sgoilearan a bhith nan "gaisgich" iad fhèin, a' roinn an cuid ionnsachaidh tro chuairt-litir, duilleag-lìn, blog no bhidio, agus dh'faodadh luchd-obrach nithean a cho-roinn a' gabhail a-steach toraidhean rannsachaidh, sgrùdaidhean cùise a' sealltainn cleachdadhe èifeachdach taobh a-staigh na sgoile no sgoiltean eile, innealan no molaidhean feumail, toraidhean measaidh a' sealltainn buaidh, agus sgeulachdan soirbheachais.

## A' ruigisinn nas fhaide

Ma thig a' choimhairsnachd ionadail air bòrd, is urrainn seo co-theacsan fior bheatha a thoirt do sgoilearan a tha gu tric a' cumail taic ri sgilean beatha nas fharsainge. Am measg nan dòighean-obrach a dh'faodar cleachdadhe, tha:

- ag obair còmhla ri daoine eile gus lèirsinn coimhairsnachd a stèidheachadh mu fhoghlam ionmhasail, a' toirt cuireadh do riochdairean luchd-ùidh (pàrantan is sgoilearan nam measg) a bhith ag obair còmhla gus mapa a chruthachadh de na sgilean, goireasan agus cothroman sa choimhairsnachd

- a' cur cuairt-litir chunbalach do buidhnean coimhairsnachd ionchaidh, a' cur fiosan naidheachd do na meadhanan ionadail agus a' cleachdadhe meadhanan sòisealta gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus am fiosrachadh as ùire a chumail ri daoine
- a' taisbeanadh dhan buidhinn riaghlaidh agus ag iarrайдh orra an ceanglaichean leis a' choimhairsnachd a chleachdadhe gus taic a thoirt dhut
- togail chom-pàirteachasan, mar eisimpleir: coinneamh bracaist airson luchd-fastaidh no compàrtichean eile a dh'faodadh a bhith ann gus beachdachadh air mar a dh'faodadh iad obrachadh leis an sgoil agad; stèidheachadh cheanglaichean le buidhnean ionadail m.e. aonaidhean creideis ionadail, bancaichean, iomairtean sòisealta no clubaichean spòrs; no cuireadh a thoirt do riochdairean coimhairsnachd a thighinn gu leasanan foghlaim ionmhasail gus coimhead air cùisean agus gus taic a chumail ri "teachable moments".

## A' co-roinn deagh chleachdad

Ma tha sgoiltean a' co-roinn bheachdan agus chleachdaidhean èifeachdach le chèile, is urrainn seo cur ri misneachd nan tidsearan agus cur ri foghlam ionmhasail. Tha co-labhairtean Matamataig bliadhnaill aig mòran ùghdarrasan ionadail far am bi tidsearan a' dèanamh thaisbeanaidhean do cho-òrdanaichean Matamataig eile gus deagh chleachdad a cho-roinn. Le bhith a' cleachdad an aon seòrsa cothrom airson prògraman agus pròiseactan foghlaim ionmhais a cho-roinn, dh'fhaodadh sin an ìomhaigh àrdachadh air feadh an ùghdarras gu lèir agus taic nas fheàrr fhaighinn aig gach ire.

Feumaidh a h-uile sgoil a bhith an sàs ann am modhan measaidh taobh a-staigh sgoiltean, buidhnean de sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail, agus tha an seòrsa gniomhachd seo air leth freagarrach gus piseach a thoirt air brosnachadh is leasachadh foghlam ionmhasail. Faodaidh e a bhith buannachdail cuideachd deagh chleachdad a cho-roinn le làrantan – tro thachartasan taisbeanaidh agus oidhcheannan cuspair – gan cuideachadh gu bhith a' tuigsinn agus a' cur ri ionnsachadh an cuid chloinne.



## Eàrr-ràdh 1: Cothroman gus foghlam ionmhasail a lìbhrigeadh tron churraicealam air fad

Faodaidh foghlam ionmhasail cur ri, agus taic fhaighinn bho, [eòlasan agus builean](#) thar farsaingeachd de raointean curraicealaim.

Raon curraicealaim	An treas	An ceathramh
<b>Matamataig</b>  Buidseatadh, roghainnean airgid, àireamhachd ionmhasail, cunnartan airgid	<p>Nuair a bhios mi a' smaoineachadh air ciamar a chosgas mi m' airgead, 's urrainn dhomh diofar thairgsean is sheirbheisean a lorg agus a choimeas ri chèile, bruidhinn air na rudan a tha nam fàbhar agus nan aghaidh agus mìneachadh dè an taigse as fheàrr luach dhomh. <a href="#">MNU 3-09a</a></p> <p>'S urrainn dhomh buidseatadh ann an dòigh èifeachdach, a' cleachdadadh teicneòlais agus dhòighean-obrach eile, airson rian a chumail air m' airgead agus mo chosgaisean san àm ri teachd a phlanadh. <a href="#">MNU 3-09b</a></p> <p>'S urrainn dhomh co-obrachadh còmhla ri daoine eile, a' dèanamh feum iomchaidh de theicneòlas, airson fiosrachadh a lorg a tha air a chur an cèill ann an raon de dhòighean, airson mìneachadh dè tha e ag ràdh agus bruidhinn mu co-dhiù a tha mi a' creidsinn gu bheil am fiosrachadh làidir, neo-shoilleir no meallta. <a href="#">MNU 3-20a</a></p> <p>'S urrainn dhomh obrachadh a-mach dè cho coltach 's a tha e gun tig tachartas simplidh gu buil, agus mìneachadh carson a bu chòir buaidh an tachartais a ghabhail a-steach cho math ri a choltachd nuair a tha roghainnean gan dèanamh. <a href="#">MNU 3-22</a></p>	<p>'S urrainn dhomh bruidhinn air agus sealltainn nan rudan air am feum mi smaoineachadh nuair a tha mi ag obrachadh a-mach dè nas urrainn dhomh a chosg, airson rian a chumail air creideas agus fiachan agus airson dòigh-beatha mhath a bhith agam. <a href="#">MNU 4-09a</a></p> <p>'S urrainn dhomh fiosrachadh a lorg mu thuarastail agus na sùimean a bheirear air falbh, agus sin a cleachdadadh nuair a bhios mi ag obrachadh a-mach mo theachd-a-steach lom. <a href="#">MNU 4-09b</a></p> <p>'S urrainn dhomh raon de ghoireasan ionmhais pearsanta a rannsachadh is a choimeas agus, an dèidh àireamhachadh, mo roghainnean a mhìneachadh. <a href="#">MNU 4-09c</a></p> <p>Le bhith a' cur an cèill mo thugse air coltachd, 's urrainn dhomh co-dhùnidh cia mheud uair a tha mi an dùil a bhios tachartas a' gabhail àite, agus am fiosrachadh seo a cleachdadadh airson ro-innsean, measadh cunnairt, roghainnean fiosraichte agus co-dhùnidhean a dhèanamh. <a href="#">MNU 4-22a</a></p>
<b>Cuspairean sòisealta</b>  Buidseatadh, roghainnean airgid, luachan co-cheangailte ri airgead	<p>Tha mi a' tuigsinn an fheum airson buidseatadh agus airson dòighean aontachadh gus dèligeadh ri ionmhas, a' smaoineachadh air cothroman tasgaidh, sàbhaladh, cunnartan no feum air iasadran. <a href="#">SOC 3-21a</a></p> <p>'S urrainn dhomh mìneachadh ciamar a bha dòighean-beatha, luachan agus beachdan dhaoine san àm a dh'fhalbh coltach agus eu-coltach ri chèile, le bhith a' dèanamh coimeas eadar Alba agus coimhlearsnachd anns an Roinn Eòrpa no an àite eile <a href="#">SOC 3-04a</a></p>	<p>'S urrainn dhomh measadh dè cho freagarrach 's a tha roghainnean ionmhais a tha ann airson diofar sheòrsaichean ghnothachasan a chur air chois is a chumail a' dol. <a href="#">SOC 4-21a</a></p> <p>An dèidh beachdachadh air feuman ionmhais dhaoine agus ghnothachasan, 's urrainn dhomh fiosrachadh agus sgrìobhainnean mu ionmhas a mheasadh, ullachadh is a shealltainn airson cuideachadh le dèanamh cho-dhùnidhean iomchaidh. <a href="#">SOC 4-21b</a></p>

	<p>Bruidhnidh mi mun ìre gu bheil buaidh aig m' fhiosrachadh air mo roghainnean agus air mo cho-dhùnaidhean. <a href="#">SOC 3-17b</a></p>	<p>An dèidh beachdachadh air feuman ionmhais dhaoine agus ghnothachasan, 's urrainn dhomh fiosrachadh agus sgríobhainnean mu ionmhas a mheasadh, ullachadh is a shealltainn airson cuideachadh le dèanamh cho-dhùnaidhean iomchaidh. <a href="#">SOC 4-22a</a></p> <p>Le bhith a' rannsachadh mar a tha gnothachas air a ruith, 's urrainn dhomh bruidhinn mu àite roinnean agus na sgioba, a' measadh mar a tha iad a' cur ri adhartas no dìth adhartais a' ghnothachais. <a href="#">SOC 4-22b</a></p>
--	--	--

Raon curraicealaim	An treas	An ceathramh
<b>Slàinte agus sunnd</b>	<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil daoine ann ris am faod mi bruidhinn agus gu bheil grunn dhòighean sam faigh mi taic le gnothaichean practaigeach is faireachail airson mi fhìn agus daoine eile a chuideachadh ann an raon de shuidheachaidhean. <a href="#">HWB 3-03a/4-03a</a></p>	
A' faighinn cuideachadh le airgead, slàinte inntinn agus airgead, riosgan le airgead, saoghal na h-obrach	<p>Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha sunnd inntinneil agus gun gabh seo a bhith air altram agus air a neartachadh tro sgilean beatha pearsanta agus tro dhàimhean làidir ri daoine. Tha fios agam nach eil sunnd inntinneil aig daoine an-còmhnaidh agus, ma thachras sin, gu bheil taic ri a faotainn. <a href="#">HWB 3-06a/4-06a</a></p> <p>Tha mi ag ionnsachadh cunnart a mheasadh agus a làimhseachadh, mi fhìn agus daoine eile a dhòn, agus cron a lùghdachadh far an gabh e dèanamh. <a href="#">HWB 3-16a/4-16a</a></p> <p>Tha mi a' sgrùdadhbh diofar dhreuchdan/obraichean, dhòighean obrach agus shlighean trèanaidh is ionnsachaiddh. Tha mi a' faighinn eòlas a tha gam chuideachadh airson aithneachadh a' bhuntanas aig m' ionnsachadh, mo sgilean agus m' ùidhean ri mo bheatha san àm ri teachd. <a href="#">HWB 3-20a/4-20a</a></p>	
	<p>Tha mi a' toirt air adhart nan sgilean agus nam feartan nàdair a dh'fheumas mi airson ionnsachadh, beatha agus obair. Tha mi a' faighinn tuigse air a' bhuntanas aig mar a tha m' ionnsachadh an-dràsta agus cothroman san àm ri teachd. Tha seo gam chuideachadh gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu mo bheatha agus mu m' ionnsachadh. <a href="#">HWB 3-19a</a></p>	<p>Stèidhichte air m' ùidhean, sgilean, neartan agus roghainnean, tha mi a' faighinn cuideachadh airson taghaidhean iomchaidh, cothromach agus fiosraichte a dhèanamh, amasan a ghabhas coileanadh a chur romham agus planadh airson a bhith a' gluasad gu ìre eile às dèidh seo. <a href="#">HWB 4-19a</a></p>

**Foghlam  
creideimh  
agus  
moraltachd**

Luachan co-  
cheangailte ri  
airgead

**Litearrachd**

A' bhuaidh aig  
daoine eile air  
roghainnean a  
thaobh airgid

Tha mi a' leudachadh spèis do dhaoine eile agus mo thugse mun creideasan agus luachan. [RME 3-07a/4-07a](#)

Tha mi a' leudachadh mothachadh agus tuigse, a tha a' sìor fhàs, mu mo chreideasan fhìn agus tha mi gan cur an gnìomh ann an dòighean deimhinneach. [RME 3-08a/4-08a](#)

Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, tha mi a' rannsachadh nan dòighean a thathar a' cleachdadh airson buaidh a thoirt air mo bheachd. Aithnichidh mi nuair tha ìmpidh ga chur orm agus 's urrainn dhomh measadh dè cho earbsach 's a tha na goireasan agam agus dè an luach a tha anna. [LIT 3-18a](#)

Airson mo chuideachadh a' tighinn gu beachd fiosraichte, aithnichidh mi ìmpidh agus claoen-bhàidh agus na dòighean a thathar a' cleachdadh airson buaidh a thoirt air mo bheachd agus 's urrainn dhomh measadh dè cho earbsach 's a tha na goireasan agam agus dè an luach a tha anna. [LIT 4-18a](#)

## Eàrr-ràdh 2: A' planadh agus a' measadh an fhoghlaim ionmhasail agaibh

### Ceistean gus do chuideachadh le planadh

1. Dè na feumalachdan ionnsachaidh agus priomhachasan aig sgoilearan na sgoile seo a thaobh foghlam ionmhasail?
2. Cò ris a tha am prògram bliadhnaile againn coltach a thaobh:
  - eòlas, sgilean agus beachdan nan oileanach
  - adhartas
  - cuine a bhios e a' tachairt
  - cursaichean barrantaichte (do dh'àrd-sgoiltean agus colaisteann)
  - sgilean agus misneachd an luchd-teagaisg
  - ceanglaichean le solarachean air an taobh a-muigh
  - ceanglaichean le pàrantan agus leis a' choimhhearsnachd?
3. Dè na beàrnan a tha sa phrògram làithreach?
4. Ciamar as urrainn dhuinn togail air na tha sinn air dèanamh mar-tha airson an ath bhliadhna phlanaidh againn?
5. Dè dh'fheumas sin dèanamh gus na h-amasan againn a choileanadh
6. Càite am faigh sinn goireasan agus taic?
7. Dè eile as urrainn dhuinn a dhèanamh gus taic a chumail ri foghlam ionmhasail?
8. Ciamar as urrainn dhuinn fiosrachadh a cho-roinn nas fheàrr mu na nì sinn?

### Ceistean gus do chuideachadh le measadh

1. Dè cho math 's a chaidh na h-adhbharan agus builean ris an robhar an dùil a choileanadh?
2. An robh deagh bhuidhean ris nach robhar an dùil?
3. An robh adhartas ann mar thoradh air na cothroman ionnsachaidh?
4. Dè cho math 's a chaidh na feumalachdan aig luchd-ionnsachaidh so-leònte a choileanadh?
5. Dè na dòighean teagaisg a dh'obraich as fheàrr?
6. Dè na gniomhachdan agus goireasan as taiceile?
7. Dè na duilgheadasan a dh'èirich agus dè an dòigh as fheàrr gus dèiligeadh riutha?

## Eàrr-ràdh 3: Goireasan agus seirbheisean foghlam ionmhasail

### Goireasan airson a' chlas aig ère na h-àrd-sgoile

Tha na goireasan seo air an creideasachadh le [Comharra Càileachd Foghlaim Ionmhasail](#) no air an cruinneachadh le Fòram foghlam ionmhasail na h-Alba agus Foghlam Alba.

Tha rionnag ri taobh goireasan an-asgaidh

Tha [ASN] a' ciallachadh gu bheil goireasan/bùihtean obrach a rèir nam feumalachdan sònraichte aig clann is òigridh aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd.

#### EconoMe (Banca Shasainn)\*

Goireas gus daoine òga a chuideachadh gus an eaconamaidh a thuigsinn nas fheàrr agus na sgilean mion-sgrùdaidh a thoirt dhaibh gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh mu airgead.

#### Financial Education Planning Frameworks (Young Money)\*

Frèaman-obrach a tha a' cumail taic ri planadh, teagasg agus leantainneachd ann am foghlam ionmhasail le bhith a' mìneachadh nam prìomh raointean de dh'eòlas, sgilean agus beachdan ionmhais a tha buntainneach do chloinn is daoine òga. Ri fhaighinn airson aoisean trì gu 11 agus 11 gu 19.

#### Life Skills (Barclays)\*

Goireasan an-asgaidh a' gabhail a-steach bhidiothan, gniomhan agus planaichean leasain do dh'oileanaich AS1-S6, a' cuideachadh le bhith a' leasachadh an comas cosnайдh san àm ri teachd a thaobh obair, daoine agus sgilean airgid.

#### Made of Money (BBC)\*

Criomagan bhidio ag amas air sgoilearan nas sine, a' gabhail a-steach sàbhalaich, creideas agus fiachan agus stiùireadh buidseit.

#### MoneySense (Banca Rìoghail na h-Alba)\* [ASN]

Goireasan, gniomhan eadar-ghniomhach, planaichean leasain agus mapaichean cuspair curraicealaim, ag amas an dà chuid air sgoilearan sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil. Chaidh cuid de na cuspairean atharrachadh airson sgoilearan aig a bheil Feumalachdan Taic a Bharrachd agus air a bheil Ciorraman.

#### Skint! (Urras Leabhrachaean na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba)\*

Goireas eadar-ghniomhach a bhrosnaicheas mothachadh breithneachail mu riaghlaigh agus uallach airgid. Air a chruthachadh airson buidhnean taic littearrachd is àireamhachd inbheach, faodar a chleachdadadh le cleachdaichean obair òigridh eile.

#### Tax Facts (HMRC)\*

Stuthan bhidio agus eadar-ghniomhach airson clann aois 14-17 a' mìneachadh mar a tha airgead poblach air a thogail agus air a chaitheamh.

#### Teacher Resource Packs (The Money Charity)

Pasganan ghoireasan do luchd-teagaisg na h-àrd-sgoile a' coimhead air grunn diofar chuspairean co-cheangailte ri airgead.

#### Young Money Resource Hub\* [ASN]

A' toirt còmhla raon de ghoireasan le Comharra Càileachd Foghlaim Ionmhasail, a' leigeil le tidsearan sgrùdadadh a dhèanamh a rèir seòrsa, tàema, aois no cuspair.

## Prògraman agus bùithtean obrach aig ère na h-àrd-sgoile

### Aonaidhean Creideis

Bidh iomadh Aonadh Creideis a' cuideachadh sgoiltean gus clubaichean sàbhalaidh a chur air dòigh agus a ruith. Dh'fhaodte gum faigh thu liosta de sholaraichean ionadail bhon ùghdarris ionadail agad.

### Money Advice Scotland

Bùithtean-obrach foghlam ionmhasail do sgoiltean agus colaistean gus sgoilearan (bho BS3 gu AS6) agus oilleanach colaiste a chuideachadh gus ionnsachadh mu riaghlaigh airgid agus gus seasmhachd ionmhasail a thogail.

### Money Works & My Money Cast (MyBnk) [ASN]

Tha Money Works agus Virtual Money Works a' tabhann prògram sgilean ionmhais is didseatach airson daoine aois 16-25 nach eil ann am foghlam àbhaisteach agus a tha a' gluasad gu beatha neo-eisimeileach. Tha My Money Cast na phrògram leth-uair a thìde gach seachdain le fòcas air naidheachdan ionmhais pearsanta do dh'ibhich òga.

### MoneySense workshops (Banca Rìoghail na h-Alba)

Bùithtean-obrach air an stiùireadh le tidsear le taic bho shaor-thoileach bhon bhanca.

### My Money Talks (SIFET – Stewart Ivory Financial Education Trust)

Bùithtean-obrach ag amas air sgoilearan AS6, a' coimhead air riaghlaigh airgid, iasad an agus fiachan.

### Young Enterprise Scotland

Prògraman dùbhlain foghlaim airson ionmhais is iomairt airson sgoiltean, a' gabhail a-steach Dùbhlain Tenner.

## Trèanadh do luchd-teagaisg

### Young Money support and training [ASN]

Trèanadh do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile agus seirbheis comhairleachaiddh foghlam ionmhasail an-asgaidh, a' gabhail a-steach trèanadh agus comhairle dhaibhsan a tha ag obair le òigridh le ASN. Tha seo cuideachd a' cumail taic ri sgoiltean tro Phrògram Ionadan Sàr-mhathais ann am Foghlam Ionmhasail.

## Com-pàirteachadh le pàrantan

### How to help teenagers manage their money (Money Advice Service)

Stiùireadh do phàrantan agus luchd-cùraim.

### MoneySense (Banca Rìoghail na h-Alba)

Gníomhan, geamannan agus bhidiotionan gus taic a thoirt do phàrantan gus teagasg mu airgead do an cuid chloinne.

## Teisteanasan is duaisean

Tha Ùghdarris Theisteanas na h-Alba a' toirt seachad grunn theisteanasan a thaobh foghlam ionmhasail. Faodaidh sgoiltean làrach-lìn Frèam-obrach [Creideas is Teisteanasan na h-Alba](#) a chleachdadh gus teisteanasan ionchaidh a lorg.

Faigh am fiosrachadh as ùire mu MaPS gus piseach  
a thoirt air foghlam ionmhasail aig [www.maps.org.uk/schools](http://www.maps.org.uk/schools)



**Money &  
Pensions  
Service**